

Duais Nàisean STEM

Stiùireadh mu bhith a' dèanamh tagradh


Airson suidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, bun-sgoil, àrd-sgoil agus solarachadh airson feumalachdan taic a bharrachd taobh a-staigh sgoiltean coitcheann agus sgoiltean sònraichte.




Thathar a' cleachdadh a' bhriathrachais a leanas tron stiùireadh seo air fad:

- Anns an sgrìobhainn seo tha 'neach-cleachdaidh' (*practitioner*) a' gabhail a-steach an luchd-obrach agus na h-inbhich uile a tha teisteanach gus obrachadh còmhla ri clann agus òigridh. Tha seo a' gabhail a-steach neach-aireachaidh chloinne, luchd-obrach tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, luchd-teagaisg, ceannardan-sgoile, manaidsaran shuidheachaidhean, luchd-taic sgoile agus luchd-taic teicnigeach.
- Tha an abairt 'suidheachadh' (*setting*) a' ciallachadh suidheachaidhean airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean agus sgoiltean no suidheachaidhean a tha a' toirt seachad solarachadh sònraichte airson luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd.
- Tha an abairt 'coimhearsnachd ionnsachaidh' a' gabhail a-steach an dà chuid buidhnean structaraichte agus neo-fhoirmeil de shuidheachaidhean far am bi co-obrachadh a' tachairt. Dh'fhaodte gum bi seo a' gabhail a-steach cruinneachaidhean sgoile, buidhnean sgoiltean co-cheangailte, buidhnean riaghlaidh ionadail, co-àrainnean, sgoiltean fo cheannardas co-roinnte agus co-obrachadh eadar luchd-cùraim chloinne, sgoiltean-àraich prìobhaideach agus no/suidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne aig ùghdarrasan ionadail.
- Tha an abairt 'com-pàirtiche STEM' air a cleachdadh gus iomradh a thoirt air com-pàirtichean gnìomhachais a' gabhail a-steach luchd-fastaidh, ionadan foghlaim adhartach agus àrd-ìre, buidhnean acadaimigeach no proifeasanta, buidhnean san treas roinn agus tha i cuideachd a' gabhail a-steach phàrantan no luchd-cùraim a tha nam pàirt den fheachd-obrach STEM.
- Tha an abairt 'com-pàirteachas STEM' an seo a' ciallachadh com-pàirteachadh leantainneach eadar suidheachaidhean agus an com-pàirtiche/na com-pàirtichean STEM aca. Chan eilear an dùil gum bi seo a' gabhail a-steach tadhlán aon turais do làraichean, bùithtean-obrach no co-fharpaisean aon turais.

Clàr-innse



Geàrr-chunntas air STEM ann an Alba 	2
Prògram Duais Nàisean STEM	3
A' cur a-steach airson eileamaidean	4
Na còig eileamaidean	5
Ceannardas ann an STEM	6
Ionnsachadh STEM san teaghlach agus sa choimhearsnachd	7
Obair com-pàirteachais STEM	8
Curraicealaim STEM agus slighean luchd-ionnsachaidh	9
Cothromas agus co-ionannachd ann an STEM	10
Plana Gnìomh agus dearbhadh	11
Eàrr-ràdh: Teamploid airson plana gnìomh STEM	12

Geàrr-chunntas air STEM ann an Alba

Ann an saoghal a tha a' sìor-ghluasad nas luaithe agus a tha air a chur air adhart le teicneòlas, tha leasachadh eaconamach is sòisealta na h-Alba ga chur air adhart leis na leasachaidhean as ùire ann an saidheans, teicneòlas, innleadaireachd agus matamataig (STEM). Tha pàirt chudromach aig gach roinn de dh'fhoghlam, trèanadh agus ionnsachadh fad-beatha ann a bhith ag uidheamachadh saoranaich na h-Alba leis na sgilean agus comasan STEM sònraichte a leigeas leotha feum a dhèanamh de na cothroman inntinneach sin.

Tha Ro-innleachd Foghlaim is Trèanadh STEM na h-Alba a' cur an cèill lèirsinn a tha a' feuchainn ri conaltradh STEM a leasachadh air feadh a' chomann-sòisealta againn gus an eaconamaidh againn a bhrosnachadh agus gus leigeil le gach neach ann an Alba soirbheachadh agus gabhail ri atharrachaidhean san t-saoghal chaochlaideach againn.

Tha an ro-innleachd seo ag amas air:

- comas an t-siostaim foghlaim is trèanadh a thogail gus ionnsachadh STEM **sàr-mhath** a thoirt seachad gus am bi cothrom aig luchd-fastaidh air an fheachd-obrach a dh'fheumas iad;
- beàrnan **cothromais** ann an com-pàirteachadh agus coileanadh ann an STEM a dhùnadh gus am bi cothrom aig a h-uile duine na comasan aca a choileanadh agus a bhith a' cur ri soirbheas eaconamach na h-Alba;
- clann, òigridh is inbhich a bhrosnachadh gus ionnsachadh mu STEM agus gus cumail orra le an cuid ionnsachaidh gus sgilean spèisealach a thogail; agus
- foghlam agus trèanadh STEM a cheangal ri feumalachdan na margaidh obrach - an dà chuid aig an àm seo agus san àm ri teachd - gus cur ri tarbhachd agus fàs eaconamach in-ghabhalach.

Tha Foghlam Alba air a bhith aig cridhe libhrigeadh tòrr de na gnìomhan anns an ro-innleachd STEM. B' e fear de na gnìomhan as cudromaiche aig a' bhuidhinn againn a bhith a' cruthachadh prògram duaisean STEM gus dòighean-obrach làn-shuidheachadh agus coimhearsnachd a thaobh STEM a bhrosnachadh agus gus taic a chumail riutha. Tha seo air a bhith fìor bhrosnachail do dh'Fhoghlam Alba agus tha sinn a-nis toilichte cothrom a thoirt do sgoiltean agus do shuidheachaidhean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne gus aithneachadh fhaighinn airson an dealais agus an coileanaidhean a thaobh STEM. Tha prògram nan duaisean a' cruthachadh cothroman do shuidheachaidhean a bhith a' gabhail pàirt - chan eil e gu diofar a bheil iad dìreach a' tòiseachadh le STEM no a bheil iad mar-thà a' sealltainn gu bheil iad a' cleachdadh taobhan de chleachdadh STEM a tha fìor èifeachdach.



Prògram Duais Nàisean STEM



Dè an t-amas a th' aig an duais?
Carson a bu chòir dhuinn cur a-steach?

Tha Duais Nàisean STEM a' comharrachadh, a' brosnachadh agus a' togail cleachdadh èifeachdach ann am foghlam STEM taobh a-staigh agus thairis air raointean.



Faodaidh gach suidheachadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne, bun-sgoil, àrd-sgoil agus solarachadh airson feumalachdan taic a bharrachd taobh a-staigh sgoiltean coitcheann agus sgoiltean sònraichte cuir a-steach airson Duais Nàisean STEM.

Bu chòir dhuibh sùil a thoirt air **Frèam-obrach fèin-mheasadh STEM** mus cuir sibh a-steach airson na duais.

Tha còig eileamaidean anns an duais. Is urrainn dhuibh obrachadh gan ionnsaigh thar ùine. Bidh suidheachaidhean a choileanas na còig eileamaidean taobh a-staigh trì bliadhna airidh air làn Duais Nàisean STEM .

Is iad na còig eileamaidean ann an Duais Nàisean STEM:

- Ceannardas ann an STEM
- Ionnsachadh STEM san teaghlach
- So-fhastadh agus obair com-pàirteachais STEM
- Curraicealaim STEM agus slighean luchd-ionnsachaidh
- Cothromas agus co-ionannachd ann an STEM

Sàr-mhathas



Cothromas



Brosnachadh



Ceangal



A' cur a-steach airson eileamaidean den duais

Dè am pròiseas a th' ann?

Thathar a' moladh gun lìon suidheachaidhean fèin-mheasadh air cleachdadh STEM làithreach mus cuir iad a-steach airson Duais Nàisean STEM. Tha frèam-obrach fèin-mheasaidh STEM aig Foghlam Alba gur treòrachadh tron phròiseas seo.

Tha trì ceuman sìmplidh anns a' phròiseas tagraidh:

1. Clàradh

Bu chòir dhuibh tadhal air [STEMnation.scot](https://www.stemnation.scot) agus am foirm clàraidh air-loidhne a lìonadh.

2. Cruinnich agus cuir a-steach fianais

Às dèidh dhuibh clàradh airson na duais, bidh trì bliadhna agaibh gus fianais a thional is a chur a-steach airson gach tè de na còig eileamaidean airson Duais Nàiseanta STEM. Bu chòir dhuibh an teampalaid agus stiùireadh air làrach-lìn [STEMnation.scot](https://www.stemnation.scot) a chleachdadh gus an tagradh agaibh ullachadh.



3. Plana Gnìomh agus dearbhadh

Às dèidh dhuibh fianais a chur a-steach airson nan còig eileamaidean uile, thèid iarraidh oirbh fios mun phlana gnìomh STEM agaibh a cho-roinn leis an sgioba dearbhaidh. Bu chòir dhan phlana gnìomh agaibh mìneachadh gu soilleir mar a tha sibh an dùil an turas STEM agaibh agus na soirbheasan agaibh a cho-roinn le daoine eile. Gheibhear stiùireadh a bharrachd nas fhaide air adhart san sgrìobhainn seo.

Mairidh Duais Nàisean STEM fad trì bliadhna. Bu chòir do shuidheachadh sam bith a tha ag iarraidh an duais ùrachadh às dèidh na h-ùine seo plana gnìomh STEM ath-sgrùdaichte agus fianais a chur a-steach a tha a' sealltainn cleachdadh STEM a chaidh a chumail suas, a leasachadh agus a thoirt a-steach às dèidh an tagraidh thùsail.

Dèan fèin-mheasadh agus clàraich air-loidhne

Cruinnich fianais



Cuir a-steach fianais agus plana gnìomh

Dearbhadh

Ceanglaichean feumail

- Frèam-obrach fèin-mheasadh agus leasachadh STEM
- Is urrainn dhan Oifigear Foghlam STEM agaibh stiùireadh agus taic a thoirt dhuibh leis an tagradh agaibh. Is urrainnear fios a chur thuca tro phost-d: STEM@educationscotland.gov.scot


Na còig eileamaidean

Dèan fèin-mheasadh le frèam-obrach fèin-mheasadh STEM



Ceannardas ann an STEM

Tha an eileamaid seo a' comharrachadh ceannardas èifeachdach aig gach ìre, a' gabhail a-steach clann is òigridh a bhith a' stiùireadh ionnsachadh STEM.




Ionnsachadh STEM san teaghlach

Tha an eileamaid seo ag aithneachadh dealas a thaobh ionnsachadh agus cleachdadh teaghlach a tha a' cuideachadh gus an calpa STEM aig luchd-ionnsachaidh agus an cuid theaghlaichean a thogail.



So-fhastadh agus obair com-pàirteachais STEM

Tha an eileamaid seo a' comharrachadh co-obrachadh seasmhach eadar suidheachaidhean agus an com-pàirtichean STEM gus sgilean STEM agus sgilean so-fhastachd an luchd-ionnsachaidh a leasachadh.



Curraicealaim STEM agus slighean luchd-ionnsachaidh

Tha an eileamaid seo ag aithneachadh obair nan suidheachaidhean ann a bhith a' cruthachadh curraicealam STEM a tha brosnachail agus slighean luchd-ionnsachaidh co-cheangailte ris.



Cothromas agus co-ionannachd ann an STEM

Tha an eileamaid seo a' comharrachadh na h-obrach a tha suidheachaidhean a' dèanamh gus aghaidh a chur air cothromas agus co-ionannachd ann an STEM.

Duais Nàisean STEM




Ceannardas ann an STEM



Ionnsachadh STEM san teaghlach



So-fhastadh agus obair com-pàirteachais STEM



Curraicealaim STEM agus slighean luchd-ionnsachaidh



Cothromas agus co-ionannachd ann an STEM

Ceannardas ann an STEM

Cò dha a tha seo?

Tha an eileamaid **Ceannardas ann an STEM** a' comharrachadh ceannardas èifeachdach aig gach ìre, a' gabhail a-steach clann is òigridh a bhith a' stiùireadh ionnsachadh.

Bidh àrd-stiùirichean, luchd-cleachdaidh agus luchd-ionnsachaidh ann an suidheachaidhean a tha a' cur a-steach airson na h-eileamaid seo uile a' cur ri bhith a' planadh agus a' lìbhrigeadh **sàr-mhathas** agus **brosnachadh** ann an ionnsachadh STEM

Cò ris a tha seo coltach?

- Chaidh an lèirsinn agus na h-adhbharan co-roinnte againn airson STEM a chruthachadh ann an co-obrachadh le farsaingeachd de luchd-ùidh.
- Far a bheil e iomchaidh, gu bheil sgioba luchd-obrach a' toirt seachad deagh cho-òrdanachadh agus ceannardas airson STEM.
- Nì sinn cinnteach gu bheil tìde ann airson conaltradh proifeasanta, co-ionnsachadh agus fèin-mheasadh gus taic agus fiosrachadh a chumail ri leasachaidhean STEM.
- Bidh co-obrachadh leantainneach a' cuideachadh le bhith a' togail ar cleachdadh STEM agus a' cur ris an oide-eòlas againn.
- Bidh luchd-obrach a' nochdadh ceannardas ann an ionnsachadh STEM agus a' cuideachadh le bhith a' brosnachadh, agus a bhith a' toirt misneachd is taic do chàch.
- Bidh sinn a' cleachdadh dàta agus fianais air adhartas luchd-ionnsachaidh ann an STEM gus ar cuideachadh le bhith a' coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh againn agus a' brosnachadh cothromas.
- Tha grunn chothroman aig luchd-ionnsachaidh gus co-dhùnaidhean a ghabhail mun ionnsachadh STEM aca agus gus an ionnsachadh aig daoine eile a stiùireadh.

Ceanglaichean ri prìomh sgrìobhainnean:

- **Frèam-obrach fèin-mheasadh STEM**
- **Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (An ceathramh tionndadh)**
- **Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?**

- **Foghlam Alba: Ionnsachadh proifeiseanta agus ceannardas**
- **Foghlam Alba: Ag Àrdachadh Miannan ann am Foghlam Saidheans**
- **Inbhean Proifeiseanta GTCS**
- **Sgeama Ceannardan Òga STEM**

Tha barrachd cheanglaichean ri stuthan leughaidh proifeiseanta agus ri goireasan agus buidhnean a tha a' toirt seachad cothroman ionnsachaidh proifeiseanta ri fhaighinn ann an eòlaire air-loidhne agus sna duilleagan rannsachaidh air **STEMnation.scot**.

Faodaidh na leanas a bhith anns an fhianais agaibh:

- Aithris den lèirsinn STEM aig an t-suidheachadh agaibh.
- Glacaidhean-sgrìn den fhèin-mheasadh STEM agaibh.
- Planaichean leasachaidh sgoil, suidheachadh no roinn a tha a' gabhail a-steach STEM.
- Beachdan air ais bho luchd-cleachdaidh às dèidh dhaibh a bhith an sàs ann an gnìomhan ionnsachaidh STEM proifeiseanta.
- Dealbhan, no ceanglaichean ri bhidiothan, de chloinn is òigridh a' stiùireadh ionnsachadh STEM, a' gabhail a-steach feadhainn a tha nan Ceannardan STEM Òga.
- Eisimpleirean de dh'fhianais bho luchd-ionnsachaidh bho Sgeama Ceannardan Òga STEM.




Ceannardas ann an STEM



Ionnsachadh STEM san teaghlach



So-fhastadh agus obair com-pàirteachais STEM



Curraicealaim STEM agus slighean luchd-ionnsachaidh



Cothromas agus co-ionannachd ann an STEM

Ionnsachadh STEM san teaghlach

Cò dha a tha seo?

Tha an eileamaid **ionnsachaidh teaghlach STEM** ag aithneachadh cleachdadh agus dealas a thaobh ionnsachadh teaghlach taobh a-staigh suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne agus sgoiltean.

Bidh suidheachaidhean a tha a' cur a-steach airson na h-eileamaid seo a' cleachdadh STEM gus **ceanglaichean** a dhèanamh leis a' choimhearsnachd ionadail. Cuidichidh an obair seo gus **cothromas** a thoirt seachad ann an STEM le bhith a' togail calpa STEM gus taic a chumail ris an luchd-ionnsachaidh uile agus ri an teaghlach.

Cò ris a tha seo coltach?

- Bidh sinn ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean buntainneach, a' gabhail a-steach ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd, com-pàirtichean san treas roinn agus foghlam adhartach, gus cothroman ionnsachaidh teaghlach STEM buntainneach, spòrsail agus tarraingeach a chruthachadh agus a libhrigeadh.
- Tha pàrantan is teaghlach an sàs gu gnìomhach agus gu brioghmhor ann am prògraman agus gnìomhan ionnsachadh teaghlach STEM.
- Bidh an luchd-obrach againn ag obair le pàrantan is teaghlach gus bacaidean air com-pàirteachadh a chomharrachadh agus gus an lùghdachadh. Tha na slighean-ionnsachaidh aig pàrantan air an aontachadh agus thathar a' cur luach annta agus a' cumail taic riutha.
- Tha foghlam STEM na phàirt chunbhalach de thachartasan agus de chonaltraidhean le pàrantan is teaghlach anns an sgoil no suidheachadh againn.
- Tha na pàrantan is teaghlach a' faighinn tuigse air cho cudromach 's a tha sgilean, dreuchdan agus slighean STEM.

Ceanglaichean ri prìomh sgrìobhainnean:

- Frèam-obrach fèin-mheasadh STEM
- Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (An ceathramh tionndadh)
- Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?

- Ag ionnsachadh còmhla: plana gnìomh nàiseanta
- Parentzone Alba
- Foghlam Alba: Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd
- Dè th' ann an ionnsachadh teaghlach?
- Frèam-obrach Ionnsachadh Teaghlach
- Com-pàirteachadh le pàrantan agus teaghlach – Seata-innealan airson luchd-cleachdaidh

Tha grunn cheanglaichean ri buidhnean is goireasan anns an leabhar-iùil air-loidhne aig **STEMnation.scot** a bhios a' toirt seachad chothroman ionnsachaidh proifeiseanta agus taic san raon seo.

Faodaidh na leanas a bhith anns an fhianais agaibh:


- Beachdan a fhuair a' cur a-steach do phàrantan is teaghlach
- Clàr-ama no gearr-chunntas de chothroman ionnsachadh teaghlach airson STEM
- Conaltradh le pàrantan is teaghlach a thaobh STEM mar eisimpleir cuairt-litrichean, fiosrachadh air an làraich-lìn no air cunntasan air na meadhanan sòisealta
- Dàta a' sealltainn na h-àireimh de phàrantan is de theaghlach a ghabh pàirt ann an gnìomhan ionnsachadh teaghlach STEM
- Dealbhan no ceanglaichean ri bhidiothan de thachartasan ionnsachadh teaghlach
- Litir taic bho chom-pàirtiche sa choimhearsnachd a tha air buannachd fhaighinn bho gnìomh STEM a tha air a stiùireadh leis an sgoil no suidheachadh




Ceannardas ann an STEM



Ionnsachadh STEM san teaghlach



So-fhastadh agus obair com-pàirteachais STEM



Curraicealaim STEM agus slighean luchd-ionnsachaidh



Cothromas agus co-ionannachd ann an STEM

So-fhastadh agus obair com-pàirteachais STEM

Cò dha a tha seo?

Tha an eileamaid **so-fhastadh agus obair com-pàirteachais STEM** a' comharrachadh co-obrachadh leantainneach eadar suidheachaidhean agus an com-pàirtiche/na com-pàirtichean STEM aca.

Bidh suidheachaidhean a chuireas a-steach airson na h-eileamaid seo air com-pàirteachasan structaraichte agus seasmhach a thogail le luchd-fastaidh agus/no le luchd-ùidh STEM. Cuidichidh na com-pàirteachasan seo gus luchd-ionnsachaidh a **bhrosnachadh** agus nì iad **cheanglaichean** ris an t-saoghal obrach.

Cò ris a tha seo coltach?

- Tha na com-pàirteachasan le fastaichean, leis a' cholaiste roinneil againn agus no le luchd-ùidh STEM eile a' toirt comas dhuinn raon farsaing de ghnìomhachd STEM a libhrigeadh.
- Bidh an obair com-pàirteachais againn a' cumail taic ri ionnsachadh proifeasanta agus a' cuideachadh le bhith a' togail comas ceannardais agus luchd-cleachdaidh cho math ri an tuigse air àiteachan-obrach, trèanadh agus cothroman dreuchdail STEM.
- Thathar a' togail sgilean cosnaidh, mar a tha air a mhineachadh anns an Ìre Foghlam Dreuchd (3-18), tro cho-theacsan STEM.
- Bidh sinn ag obair le ar com-pàirtichean gus deagh bheachdan mu STEM a bhrosnachadh a chuireas an aghaidh gnàth-iomhaighean agus ro-bheachdan, a' dealbhadh farsaingeachd de shlighean ionnsachaidh ann an STEM agus a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh agus an teaghlach.

Ceanglaichean ri prìomh sgrìobhainnean:


- Frèam-obrach fèin-mheasadh STEM
- Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (An ceathramh tionndadh)
- Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?

- A' togail a' Churraicealaim 4: Sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair
- Foghlam Alba: A' leasachadh an Luchd-obrach Òga (DYW)
- Com-pàirteachasan Foghlaim-Luchd-fastaidh: prìomh sgrìobhainnean agus innealan
- Bun-tomhas airson Greisean-gnìomhachais
- Bun-tomhas airson Foghlam Dhreuchdan 3-18
- My World of Work
- Lìonra nan Tosgairean STEM

Tha grunn cheanglaichean ri buidhnean is goireasan anns an leabhar-iùil air-loidhne aig **STEMnation.scot** a bhios a' toirt seachad chothroman ionnsachaidh proifeiseanta agus taic san raon seo.

Faodaidh na leanas a bhith anns an fhianais agaibh:

- Aithris taic bhon chom-pàirtiche/bho na chom-pàirtichean STEM agaibh.
- Aontaidhean Com-pàirteachais
- Fios mu ghnothaichean is tachartasan a chaidh a cho-dhealbhadh is a phlanadh leis a' cho-pàirtiche/na com-pàirtichean STEM agaibh
- Beachdan air ais bho luchd-ionnsachaidh, teaghlach no com-pàirtichean STEM às dèidh dhaibh pàirt a ghabhail ann an gnìomh com-pàirtiche STEM
- Pròifilean de luchd-ionnsachaidh a' sealltainn mar a thog iad sgilean so-fhastachd.
- Dealbhan no ceanglaichean ri bhidiothan de luchd-ionnsachaidh ag obair leis a' chom-pàirtiche/na com-pàirtichean STEM agaibh.




Ceannardas ann an STEM



Ionnsachadh STEM san teaghlach



So-fhastadh agus obair com-pàirteachais STEM



Curraicealaim STEM agus slighean luchd-ionnsachaidh



Cothromas agus co-ionannachd ann an STEM

Curraicealaim STEM agus slighean luchd-ionnsachaidh

Cò dha a tha seo?

Tha an eileamaid **Curraicealaim STEM agus slighean luchd-ionnsachaidh** ag aithneachadh na h-obrach a nì suidheachaidhean gus curraicealaim STEM brosnachail a chruthachadh.

Bidh suidheachaidhean a tha a' cur a-steach airson na h-eileamaid seo air beachdachadh air na feumalachdan aig an luchd-ionnsachaidh uile fhad 's a tha iad a' dealbhadh nan slighean-ionnsachaidh STEM aca. Thèid an curraicealam STEM a libhrigeadh tro na ceithir co-theacsan ionnsachaidh: raointean curraicealaim, ionnsachadh eadar-chuspaireil, coileanadh pearsanta agus beatha na sgoile no an t-suidheachaidh san fharsaingeachd.

Cò ris a tha seo coltach?

- Tha STEM gar cuideachadh gus litearrachd, àireamhachd, Ionnsachadh airson Seasmhachd agus litearrachd dhidseatach a libhrigeadh tro co-theacsan tarraingeach.
- Tha sinn a' cleachdadh modhan cruthachail ann an STEM gus feòrachas, fosgailteachd-inntinn, mac-meanmna agus fuasgladh cheistean a bhrosnachadh.
- Tha co-obrachadh le co-obraichean sa choimhearsnachd ionnsachaidh gar cuideachadh gus piseach a thoirt air leantainneachd agus adhartas ann an ionnsachadh STEM.
- Tha sinn a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus misneachd a thogail anns na comasan aca fhèin. Tha an taic a bheir sinn do luchd-ionnsachaidh agus an teaghlach a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus roghainnean fiosraichte a dhèanamh mu shlighean luchd-ionnsachaidh STEM.
- Bidh sinn a' brosnachadh gach neach-ionnsachaidh gus raon farsaing de sgilean a thogail agus gus aire a thoirt do dh'fheumalachdan na margaidh obrach nuair a bhios iad a' dealbhadh a' churraicealaim gus luchd-ionnsachaidh ullachadh airson diofar dhreuchdan STEM.

Ceanglaichean ri prìomh sgrìobhainnean:

- **Frèam-obrach fèin-mheasadh STEM**
- **Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (An ceathramh tionndadh)**
- **Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?**

- **A' togail a' Churraicealaim 3: Frèam-obrach airson ionnsachadh is teagasg**
- **Scotland's Curriculum**
- **A' planadh airson, agus a' measadh, cruthachalachd**
- **Goireasan Ionnsachadh airson Seasmhachd**
- **Leasachadh Proifeiseanta ann an ionnsachadh a-muigh**
- **Ro-innleachd airson Ionnsachadh is Teagasg Didseatach**

Tha grunn cheanglaichean ri buidhnean is goireasan anns an leabhar-iùil air-loidhne aig **STEMnation.scot** a bhios a' toirt seachad chothroman ionnsachaidh proifeiseanta agus taic san raon seo.

Faodaidh na leanas a bhith anns an fhianais agaibh:


- Geàrr-chunntas den churraicealaim agus de na slighean luchd-ionnsachaidh agaibh.
- Fiosrachadh mu na thathar a' tabhann a thaobh STEM san Ìre as Àirde, agus mu mhodail a churraicealaim agaibh (airson àrd-sgoiltean a-mhàin).
- Sgrìobhainnean planaidh co-obrachail bho ìrean, roinnean no suidheachaidhean taobh a-staigh na coimhearsnachd ionnsachaidh
- Eisimpleirean de dh'obair an luchd-ionnsachaidh, a' taisbeanadh sgilean STEM, a' gabhail a-steach cruthachalachd agus ùr-ghnàthachas
- Dealbhan no ceanglaichean ri bhidiothan de làithean tar-ghlusad le tèama STEM no gnìomhan Ionnsachadh airson Seasmhachd agus gnìomhan ionnsachaidh a-muigh.




Ceannardas ann an STEM



Ionnsachadh STEM san teaghlach



So-fhastadh agus obair com-pàirteachais STEM



Curraicealaim STEM agus slighean luchd-ionnsachaidh



Cothromas agus co-ionannachd ann an STEM

Cothromas agus co-ionannachd ann an STEM

Cò dha a tha seo?

Tha an eileamaid **Cothromas agus co-ionannachd ann an STEM** a' comharrachadh na h-obrach a tha suidheachaidhean a' dèanamh gus aghaidh a chur air cothromas agus co-ionannachd ann an STEM.

Bidh suidheachaidhean a tha air cur a-steach airson na h-eileamaid seo air **cothromas** agus in-ghabhalachd a chur aig cridhe a' churraicealaim STEM aca.

Cò ris a tha seo coltach?

- Tha sinn a' gabhail cheuman gus piseach a thoirt air cothromachadh gnè, co-ionannachd chothroman, cothromas, iomadachd agus in-ghabhaltas tro STEM.
- Tha gnìomhan leantainneach a' cur an aghaidh gnàth-iomhaighean gnè agus a' dèiligeadh ri claonadh gun fhiosta aig an luchd-cleachdaidh fhèin.
- Tha cothroman air an toirt dhan luchd-ionnsachaidh uile air feadh an t-suidheachaidh againn airson coileanadh pearsanta ann an STEM.
- Thathar a' cur an aghaidh ro-bharailean mu dhreuchdan agus slighean-ionnsachaidh. Tha sinn a' sireadh chothroman gu gnìomhach gus iomadachd a chomharrachadh san fheachd-obrach STEM.
- Bidh ar pròiseas dearcnachaidh is sgrùdaidh gar cuideachadh le bhith a' dealbhadh eadar-theachdan gus dèanamh cinnteach gum bi adhartas agus leasachadh sgilean èifeachdach ann, gu sònraichte do luchd-ionnsachaidh aig a bheil cnapan-starra a bharrachd.
- Is urrainn do luchd-cleachdaidh no luchd-ionnsachaidh eisimpleirean a thoirt seachad den dheagh bhuaidh a th' aig ionnsachadh STEM air buileachadh agus coileanadh ann an litearrachd, àireamhachd, slàinte agus sunnd, agus thar nan raointean curraicealaim STEM air fad.

Ceanglaichean ri prìomh sgrìobhainnean:

- **Frèam-obrach fèin-mheasadh STEM**
- **Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (An ceathramh tionndadh)**
- **Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?**

- **Foghlam Alba: A' toirt piseach air cothromachadh gnè 3-18**
- **Co-ionannachd gnè ann an cluich ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne**

Tha grunn cheanglaichean ri buidhnean is goireasan anns an leabhar-iùil air-loidhne aig **STEMnation.scot** a bhios a' toirt seachad chothroman ionnsachaidh proifeiseanta agus taic san raon seo.

Faodaidh na leanas a bhith anns an fhianais agaibh:

- Planaichean leasachaidh a' sealltainn dòigh-obrach làn-shuidheachaidh airson dèiligeadh ri gnàth-iomhaighean, claonadh gun fhiosta agus neo-chothromachas ann an STEM.
- Planaichean a tha a' sealltainn mar a thathar a' leabachadh ionnsachadh mu chothromas agus co-ionannachd anns a' churraicealam airson an luchd-ionnsachaidh uile.
- Sgrìobhainnean planaidh, goireasan agus/no fianais de dh'eadar-theachdan a tha a' cur aghaidh air ro-bheachdan mu shlighean dreuchd is ionnsachaidh
- Dàta no sgrùdaidhean a tha a' sealltainn atharrachaidhean ann an com-pàirteachadh agus beachdan no àrdachadh ann an coileanadh thar ùine.
- Fianais gu bheil luchd-cleachdaidh air pàirt a ghabhail ann an ionnsachadh proifeiseanta agus ann an rannsachadh.

Plana Gnìomh agus dearbhadh



Dè thachras a-nis?

Chaidh prògram Duais Nàisean STEM a dhealbhadh gus taic a chumail ri suidheachaidhean fa leth gus piseach a thoirt air an cuid cleachdadh STEM. Tha e cuideachd ag amas air comas nan sgoiltean is suidheachaidhean uile ann an Alba a thogail gus ionnsachadh STEM sàr-mhath a lìbhrigeadh dhan chloinn is dhan òigridh againn. Mar phàirt den phròiseas tagraidh airson Duais Nàisean STEM, bidh suidheachaidhean a' co-roinn fiosrachadh mun phlana gnìomh STEM aca leis an sgioba dearbhaidh.

Tha teampalaid airson plana gnìomh san **eàrr-ràdh** a dh'fhaodadh a bhith feumail. Bidh an teampalaid gur brosnachadh gus neartan an t-suidheachaidh agaibh a mhìneachadh agus na h-ath cheumannan a chomharrachadh gus taic a chumail ri leasachadh leantainneach. Tha e cuideachd ag iarraidh oirbh mìneachadh mar a cho-roinneas sibh an t-ionnsachadh agus na soirbheasan agaibh le daoine eile anns a' choimhearsnachd ionnsachaidh, ùghdarras ionadail agus / no roinn agaibh. Tha briseadh sìos nan gnìomhan a' toirt oirbh beachdachadh air dè an luchd-obrach agus dè an luchd-ùidh a tha an urra ri, cunntachail airson, air an co-comhairleachadh, agus air innse mu gach gnìomh.

Ged a tha teampalaid airson plana gnìomh anns an stiùireadh seo, chan fheum gach suidheachadh an t-inneal seo a chleachdadh. Dh'fhaodte gum bi plana gnìomh airson buidheann-obrach STEM agaibh, no earrann STEM air plana leasachadh na sgoile no an t-suidheachaidh agaibh mar-thà. Tha sinn a' brosnachadh shuidheachaidhean aig a bheil planaichean gnìomh STEM mar-thà gus na planaichean seo a chur thugainn an àite a bhith a' cur a-steach phàipearan a bharrachd. Dh'iarraimaid oirbh, ge-tà, dèanamh cinnteach gum bi fiosrachadh soilleir anns a' phlana agaibh air mar a tha sibh an dùil an cleachdadh STEM agaibh a cho-roinn. Faodaidh seo a bhith mar phàirt den phlana fhèin no mar leas-sgrìobhainn.

'S e dearbhadh an ìre mu dheireadh den phlana tagraidh. Cuiridh sinn fios thugaibh nuair a tha an fhianais agaibh mu na h-eileamaidean air a sgrùdadh gus cuireadh a thoirt dhuibh gus pàirt a ghabhail anns an ath uinneig dearbhaidh. Thèid dearbhadh a dhèanamh air stèidh roinneil is mar sin, dh'fhaodte gum bi uallachaidhean eadar-dhealaichte ann an àiteachan eadar-dhealaichte. Bidh am fiosrachadh às ùire mu dhearbhadh anns an sgìre agaibh daonnan ri fhaighinn air **STEMnation.scot**.

Mairidh Duais Nàisean STEM fad trì bliadhna. Is urrainn do shuidheachaidhean a tha airson an duais ùrachadh aig deireadh an àm seo dearbhadh luath fhaighinn. Thèid iarraidh oirbh plana gnìomh STEM ùraichte a chur a-steach cho math ri geàrr-chunntas ùraichte goirid mu fhianais airson nan eileamaidean. Bu chòir dhan tagradh agaibh cleachdadh STEM a shealtainn a chaidh a chumail suas, a leasachadh agus a thoirt a-steach às dèidh an tagraidh thùsail agaibh. Is dòcha gum bi an teampalaid airson plana gnìomh san eàrr-ràdh feumail dhuibh. Gheibhear stiùireadh a bharrachd mun fhianais airson nan eileamaidean a tha a dhìth airson dearbhadh luath aig **STEMnation.scot**.

A bheil sibh airson a bhith nur dearbhaiche?

Tha sinn daonnan a' lorg dhaoine airson a bhith nam ball den sgioba dearbhaidh againn ann an grunn diofar dhreuchdan. Faodaidh tu a bhith bho shaoghal an fhoghlaim no bho ghnìomhachas STEM. Tha cothrom aig dearbhaichean cuid den chleachdadh STEM as ùr-ghnàthaiche agus inntinniche air feadh na h-Alba fhaicinn. Ma tha ùidh agaibh, cuiribh fios thugainn aig an t-seòladh seo:

STEM@educationscotland.gov.scot

Eàrr-ràdh: Teamlaid airson plana gnìomh STEM

Ainm an t-suidheachaidh	
Àireamh SEED/CS	

Luchd-obrach a tha an sàs	Prìomh luchd-ùidh

Na neartan làithreach againn

Ceann-latha tòiseachaidh	Ceann-latha airson ath-sgrùdadh air adhartas	Ceann-latha crìochnachaidh

Builean soirbheachail Dè a' bhuidh a tha sinn ag iarraidh a bhith againn?	Fianais is measadh Ciamar a chruinnicheas sinn fianais mun bhuidh?


Dùbhlain Dè dh'fhaodadh bacadh a chur air soirbheas?	Fuasglaidhean Ciamar a nì sinn a' chùis air na dùbhlain seo?

Feumalachdan a thaobh goireasan agus leasachadh luchd-obrach Dè a bhios a dhìth oirnn gus taic a chumail ri seo?

A' co-roinn ionnsachadh agus a' cumail taic ri daoine eile Ciamar a bhios sinn a' co-roinn ar cuid ionnsachaidh le daoine eile sa choimhearsnachd ionnsachaidh / sgìre comhairle / roinn / dùthaich?

Eàrr-ràdh: Teamlaid airson plana gnìomh STEM

RACI Who is Responsible, Accountable, Consulted and Informed? (Cò tha an Urra ris, Cunntachail, air Co-chomhairleachadh agus a gheibh Fiosrachadh).		
Cunntas air na gnìomhan	Luchd-obrach agus luchd-ùidh	Cuine?
m.e. Cuir clàr-ama air dòigh airson na buidhne-obrach STEM.	Nan Eisimpleir – Prìomh Thidsear (R is A) Buill na buidhne-obrach (R, A, C) An luchd-obrach uile (I)	An Lùnastal 2021



Foghlam Alba

Taigh Denholm
Pàirce Gnìomhachais Almondvale
Slighe Almondvale
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

Fòn: +44 (0)131 244 4330

Post-d: [P-d enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk](mailto:P-d-enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk)

www.education.gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùn 2020

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadh saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais cho fad 's a chaidh ath-riochdachadh gu ceart agus nach eil e ann an co-theacs meallta. Bu chòir comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig Foghlam Alba air an stuth seo agus feumar tiotal na sgrìobhainn a shònrachadh.

Gus an cead seo fhaicinn, faic <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

